

MASGAICHEAN-GAS

Suas gu toiseach a' chogaidh, bha an riaghaltas cinnteach gun toireadh na Nadsaidhean ionnsaigh air an RA le bomaichean gas. Chaidh masg gas a thoirt don h-uile neach, fiù 's do leanaban, agus dh'fheumadh daoine practasad a bhith gan cur orra, ann an drilichean gas.

Bha ceithir seòrsaichean masg gas ann a thug an riaghaltas do dhaoine nach robh sna feachdan (an t-arm, an nèibhidh no am feachd-adhair). Seo iad:

- 1. Masgan gas do leanaban aois 0-2 bhliadhna.**
- 2. Masg gas Mickey Mouse do chlann aois a dhà gu còig.**
- 3. Anailichean do shìobhaltaich.**
- 4. Anailichean do shìobhaltaich dhreuchdail – do dhaoine aig an robh obair ri dhèanamh tro ionnsaighean gas, mar nursaichean agus maoir ARP.**

B' e masgan Mickey Mouse a bh' air masgan chloinne agus bha iad air an deilbh gus a bhith dathach, spòrsail.

Leis gum feumadh masg a bhith an cois dhaoine fad na tìde, dh'fheuch iad ri an dùnanamh na bu tharraingiche. Bhiodh baga-làimhe de leathar gleansach aig boireannaich bheairteach gus am masg gas a chumail, 's iad a-muigh aig cuirm 's dòcha air an oidhche.

